

Ceistean



**Coimhead air duilleag 95.**

**1 (a) Carson a tha 'glaiste' air ath-aithris anns a' chiad pharagraf?**

**(b) Carson a tha an t-ùghdar a' cleachdadadh sheantasan goirid anns a' pharagraf seo?**

**Coimhead air duilleag 96, 97 agus 98.**

**2 (a) Tagh abairt no briathran a tha a' sealltainn gu bheil an càirdeas eadar Emma agus a màthair frionasach.**

**(b) Nad fhaclan fhèin, mìnich mar a tha na briathran a leanas a' sealltainn a' chàirdeis a tha eatarra.**

**“Bha fios aig Emma dè bha a’ tighinn.”**

**“Ach cha robh a màthair ag èisteachd.”**

**“Cuin idir a chunnaic thu nighean aona bliadhna’ deug a’ gabhail marmalaid?”**

**“Dh’èigh guth na ceann, ach cha tuirt Emma càil.”**

**“Cha tuirt a màthair guth agus chùm i oirre a’ cur ìm air an tost.”**

### **Coimhead air duilleag 96.**

**3. Mìnich “a’ cur às a corp” nad fhaclan fhèin.**

### **Coimhead air duilleag 100.**

- 4 (a) Tagh eisimpleir de eadar-ràdh air an duilleig seo.**  
**(b) Carson a tha an sgrìobhadair a’ cleachdadadh eadar-ràdh an seo?**

**5 Inns, nad fhaclan fhèin, mar a tha an sgrìobhadair a’ toirt air an leughadair tuigsinn gun robh co-là-breith Emma air a chuairteachadh le bròn cho fad ’s a bha cuimhne aice.**

### **Coimhead air duilleag 102.**

- 6 (a) Dè tha sònraichte mun pharagraf mu dheireadh air an duilleig seo?**  
**(b) Mìnich carson a tha an sgil-sgrìobhaidh seo èifeachdach?**

**Smaoinich air a' chiad pharagraf agus air a' pharagraf mu dheireadh anns an sgeulachd.**

**7 Dè tha "an doras geal" a' samhlachadh?**

**Smaoinich air an sgeulachd air fad.**

**8 Dè cho èifeachdach 's tha e gu bheil an sgeulachd a' tòiseachadh le Emma a' bruadar agus a' criochnachadh le Emma a' bruadar?**

**9. Tron sgeulachd, tha Emma daonnan a' cur cheistean oirre fhèin.**

**Dè tha seo ag innse dhuinn mu staid inntinn Emma?**

**10 Chan eil seanmhair Emma a' nochdadach ach dà thuras san sgeulachd – air duilleagan 100-102 agus 105.**

**Mìnich mar a tha seanmhair Emma cudromach dhan sgeulachd air fad.**

**11 An e tiotal freagarrach a th' air an sgeulachd seo?**

**Mìnich do fhreagairt.**